

10 Màrt 2020

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San t-Samhain 2018, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu Bhun-sgoil Thunga agus an Sgoil-àraich, aig Comhairle nan Eilean Siar. O chionn ghoirid, mar a bhios fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ris a' chloinn agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha an sgoil air a ghabhail airson a thighinn air adhart. Sheall sinn ri raointean sònraichte a chaidh a chomharrachadh san sgrùdadh a chaidh a dhèanamh o thùs, mar a chaidh a mholadh leis a' cheannard. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanaidhean na cloinne. Tha an litir seo a' cur an cèill nan nithean a fhuair sinn a-mach.

Rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadh air a' chlas-àraich aig an aon àm agus bidh an aithisg sin ri faighinn aig www.careinspectorate.com.

Leantainn air adhart a' leasachadh stiùir shoilleir gus a bhith a' treòrachadh atharrachadh aig deagh astar agus ceannardas aig a h-uile ìre den sgoil. Bu chòir don luchd-obrach air fad a bhith a' dèanamh cleachdadh làidir agus tric air fèin-luachadh.

Tha an ceannard air socrachadh gu math san dreuchd agus a' cosnadh spèis bho phàrantan, luchd-obrach agus clann. Tha i a' toirt stiùir shoilleir do leasachadh na sgoile. Tha an ceannard air gnìomhan feumail a stiùireadh gus dreuchd an luchd-obrach, pàrantan, com-pàirtichean agus clann a mheudachadh a thaobh a bhith a' stiùireadh atharrachaidh. Tha seo air gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh lèirsinn bhrìoghmhor agus seata amasan airson Bun-sgoil Thunga agus na Sgoil-àraich. Tha an t-astar aig a bheilear a' cur atharrachadh an cèill aig ìrean na bun-sgoile a' meudachadh. Tha tidsearan a' toirt air adhart phròiseactan a tha a' leasachadh modh-obrach sna seòmraichean ionnsachaidh aca. Tha clann nam buill den chomhairle sgoileir, cho math ris na buidhnean cuimse a chaidh a stèidheachadh o chionn ghoirid. Feumaidh na tidsearan leantainn orra a' meudachadh an dreuchd agus an neo-eisimeileachd ann a bhith a' luachadh am modh-obrach an aghaidh inbhean nàiseanta. San sgoil-àraich, tha an luchd-obrach ag obair gu math còmhla. Tha mòran dhiubh ùr san dreuchd agus tha iad a' tòiseachadh air ionnsachadh proifeiseanta gus taic a thoirt dhaibh nan dreuchdan. Tha iad air beagan atharrachaidhean a dhèanamh a tha ag àrdachadh càileachd eòlasan na cloinne. Bu chòir dhan cheannard cumail oirre leis na planaichean aice a bhith a' toirt prìomhachas do thabhann tuilleadh taic luachmhor agus stiùir do luchd-cleachdaidh. Bheir seo an cothrom do luchd-cleachdaidh a bhith a' togail misneachd ann an tuilleadh leasachaidh air na seòmraichean-cluiche sam bi clann ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

Thoir fìor dheagh aire do bhith a' leasachadh a' churraicealaim gus coinneachadh ri dùilean nàiseanta, air tùs a' toirt prìomhachas do phlanadh litearrachd, àireamhachd, agus slàinte agus sunnd. Bu chòir dhan seo dèanamh cinnteach gun tog a' chlann gu h-ìomchaidh air an eòlas, sgilean agus tuigse mar a bhios iad a' gluasad air adhart tron sgoil. Feumaidh a' chlann a bhith mothachail air an adhartas aca fhèin agus air na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh.

Tha an ceannard agus na tidsearan air tòiseachadh a' leasachadh a' churraicealaim gus a bhith nas motha a rèir dùilean nàiseanta. Tha iad air obrachadh le pàrantan, com-pàirtichean agus clann gus aontachadh dè a tha cudromach a bhith mar phàirt de dh'ionnsachadh na cloinne, fhad 's a tha iad ag obair taobh a-staigh stiùiridhean nàiseanta. Tha na tidsearan air planaichean a leasachadh an ìre mhath sa h-uile raon den churraicealam gus sealltainn cò ris a bu chòir adhartas na cloinne a bhith coltach. Bu chòir dhaibh gluasad gu cabhagach gus plana a bhith aca mu na nithean a bu chòir dhan chloinn a bhith ag ionnsachadh ann am foghlam corporra. Bu chòir do na tidsearan leantainn orra a' leasachadh tuigse cho-roinnte mu na nithean a bhios clann ag ionnsachadh tro phròiseactan agus ann an leasanan fa leth. Bu chòir dhan seo dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh na cloinne a' gabhail a-steach gach raon den churraicealam, agus a' soilleireachadh mar a tha sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair, a' gabhail a-steach teicneòlas didseatach, air an teagasg leotha. Thar na sgoil-àraich agus na bun-sgoile, tha tuigse làidir mu bhogadh aig tidsearan agus luchd-cleachdaidh Foghlam Meadhan Gàidhlig. San sgoil-àraich tha an luchd-cleachdaidh a' freagairt nas fheàrr ri ùidhean na cloinne. Tha cuimse nas soilleir aig luchd-cleachdaidh air litearrachd, àireamhachd, agus slàinte agus sunnd. Thar na sgoile, feumaidh an luchd-cleachdaidh agus tidsearan a dhol an sàs gu cunbhalach ann an conaltradhean leis a' chloinn mun ionnsachadh agus adhartas. Aig ìrean na bun-sgoile, tha a' chlann as sine aig ìre thràth ann a bhith a' cruinneachadh fianais mun adhartas, as urrainn dhaibh a chleachdadh airson an ionnsachadh aca fhèin a luachadh. Bu chòir dhan seo a bhith air a leudachadh gus a bhith a' gabhail a-steach a' chlann air fad, agus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' lèirmheas agus a' luachadh an ionnsachaidh.

Gabh a-steach an tuilleadh leasachaidh air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am planadh ro-innleachdail na sgoile. Feumaidh ionnsachadh na Gàidhlig, mar dhàrna cànan san roinn tro Mheadhan Beurla, faicinn mar thoradh, gu bheil clann a' dèanamh adhartas nas fheàrr. Bhiodh e na bhuannachd don chloinn nam biodh a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas motha ann am beatha làitheil agus ionnsachadh na sgoile.

Tha planadh na sgoile airson leasachadh a' gabhail cunntas nas fheàrr air a' Ghàidhlig, le luchd-obrach a' leantainn orra a' nochdadh ceannardas làidir. Tha na h-uairean an-asgaidh a tha rim faotainn do phàrantan airson tràth ionnsachadh agus cùram-chloinne air an leudachadh gu Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha luchd-obrach as urrainn làn bhogadh a libhrigeadh an sàs ann, agus tha ionnsachadh proifeiseanta air a thabhann dhaibh. Tha a' chlann air fad ann am foghlam tro mheadhan Beurla uile nas cunbhalach ag ionnsachadh na Gàidhlig. Bu chòir don luchd-obrach barrachd feum a dhèanamh de na Slatan-tomhais Nàiseanta airson na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) gus clann a chuideachadh ann a bhith a' coileanadh inbhean dùilichte mu phrìomh 7. Feumaidh clann a bhith nas mothachail air na buannachdan a tha an lùib a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith gan cuideachadh a' faighinn cothrom cosnaidh air an eilean agus nas fharsaingeach na sin. Tha an luchd-obrach, air an stiùireadh leis a' cheannard, air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh taobh a-staigh na sgoile.

Leasaich ionnsachadh agus teagasg. Bidh luchd-obrach a' leasachadh tuigse cho-roinnte mu chomharran ionnsachaidh agus teagaisg de dh'àrd-chàileachd. Feumar a bhith gnìomhach gus ionnsachadh a dhèanamh nas tarraingich, stèidhichte air feumalachdan phearsachan fa leth, agus le meudachadh san astar agus an dùbhlán.

Thar na sgoile, tha clann fèin-bhrosnaichte agus dèidheil air ionnsachadh. Tha iad a' nochdadh àrd-ìrean de dhleastanas an uair a bhios iad ag obair leotha fhèin agus ann am buidhnean beaga. Tha pròiseactan mar 'air bhioran mu leughadh' a' meudachadh com-pàirteachadh chloinne ann an litearrachd. San sgoil-àraich, tha feòrachas na cloinne mun bhlàr a-muigh air altram mar thoradh air an làraich cluiche ùir aca. Tha seo a' toirt a' chothruim dhaibh a bhith a' gluasad an cuirp an uair a bhios iad a' rannsachadh stòrasan nàdarra. Thar na sgoile, tha a' chlann a' faighinn deagh thaic len ionnsachadh. Bidh iad a' faighinn taic a bharrachd mar a bhios feum aca air. Tha tidsearan nas cunbhalach a' co-roinn leis a' chloinn adhbhar an ionnsachaidh agus mar a bhios iad soirbheachail. Bidh iad a' toirt fios air ais feumail dhaibh mun dòigh san leasaich iad an sgrìobhadh. Tha tidsearan air obrachadh còmhla gus coimhead ri comharran ionnsachaidh agus teagaisg èifeachdach. Bu chòir dhaibh leantainn orra lem planaichean agus seo a mhìneachadh nas mionaidiche ann am poileasaidh, a bhios cuideachd a' gabhail a-steach measadh agus bogadh.

Àrdachadh buileachadh anns a h-uile raon de dh'ionnsachadh, gu sònraichte ann an litearrachd agus àireamhachd. Feumaidh luchd-obrach tuilleadh feum a dhèanamh de mheasadh leantainneach gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' coileanadh cho àrd 's a ghabhas.

Tha an ceannard agus an luchd-obrach air gnìomh dheimhinneach a choileanadh gus clann a chuideachadh ann a bhith a' dèanamh adhartas nas fheàrr ann an litearrachd agus àireamhachd tro mheadhan na Gàidhlig is na Beurla. Aig ìrean na bun-sgoile, tha a' mhòr-chuid den chloinn a' coileanadh nan ìrean a thathar a' dùileachadh ann an leughadh agus sgrìobhadh Beurla agus ann an àireamhachd. Cha mhòr nach eil a' chlann air fad a' coileanadh nan ìrean a thathar a' dùileachadh sa h-uile taobh sa Ghàidhlig agus ann an èisteachd agus còmhraidh sa Bheurla. Chan eil na tidsearan fhathast a' measadh thar raointean a' churraicealaim air fad. Tha clann aig a bheil feum air taic a bharrachd len ionnsachadh a' dèanamh adhartas iomchaidh. Tha an ceannard gu comasach a' toirt taic do thidsearan ann a bhith a' sgrùdadh fiosrachadh measaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil taic èifeachdach a bharrachd airson ionnsachadh air a chur na àite. Tha i air conaltraidhean brioghmhor a thòiseachadh le tidsearan mu adhartas chloinne. Ged a dh'fheumas seo a bhith air fhisge a-steach nas motha, tha e a' cuideachadh thidsearan gu bhith a' dèanamh bhreithneachaidhean nas earbsaich mu na h-ìrean den Churraicealam airson Sàr-mhathais a tha a' chlann a' coileanadh. Tha an ceannard a' cumail suas àrd-shealladh de chom-pàirteachadh na cloinne ann an raon de chlubaidhean agus thachartasan gus taic a thoirt don sunnd. Is e ath cheum deagh bhreithnichte a bhiodh ann nan deigheadh cuimseachadh air na sgilean a tha clann a' leasachadh agus seo a cheangal ri comharran-càileachd nàiseanta a thaobh sunnd. Anns an sgoil-àraich, tha an ùine a bhios iad a' cur seachad sna seòmraichean cluiche a' còrdadh ris a' chloinn. Tha iad a' leasachadh tràth-sgilean litearrachd agus àireamhachd gu math tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Feumaidh an luchd-cleachdaidh togail air an tuigse den churraicealam gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' planadh fèin-fhiosrachaidhean dùbhlach de dh'àrd-chàileachd.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas a dhèanamh on a chaidh an sgrùdadh tùsail a dhèanamh. Obraichidh sinn còmhla ri Comhairle nan Eilean Siar mu chomas na sgoile a thighinn air adhart. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh bliadhna on a thèid an litir seo fhoillseachadh. Bruidhnidh sinn ris a' chomhairle mu mhion-fhiosrachadh an sgrùdaidh seo. An uair a thilleas sinn gus an sgoil a sgrùdadh, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan ag innse dhuibh mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh